

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gaidheal (103.5-105 FM). It is broadcast at 11.50 a.m. every Friday, with a repeat at 10.55 a.m. the following day. This is Litir 419. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which goes to air around 7.00pm on Monday evenings between Siubhal gu Seachd and Rapal. Litir Bheag 115 corresponds to Litir 419. Both programmes are available on the BBC website at bbc.co.uk/alba/foghlam.

Thairis air ceudan bhliadhnaichean, cha robh e gu diofar cò bha a' riaghladh Eilean Mhanainn – Lochlannaich no luchd na Beurla. 'S e Gàidhlig a bh' aig na daoine cumanta. Anns an t-seachdamh linn deug, sgrìobh feadhainn gur e Beurla a b' fheàrr leis na h-uaislean. Ach sgrìobh iad cuideachd ach gur e Gàidhlig a bh' aig càch.

Rinn Easbaig Mhanainn eadar-theangachadh de leabhar ùrnaighean tràth san t-seachdamh linn deug. B' esan John Phillips. Bha e Cuimreach. Chruthaich e siostam litreachaidh ùr. Cha robh e coltach ris an t-siostam ann an Alba no Èirinn. Ach cha do nochd an leabhar sin ann an clò aig an àm. Ann an seachd ceud deug 's a seachd (1707), nochd a' chiad leabhar ann an clò – *Prionnsabalan is Dleastanasan Crìosdachd*. 'S e easbaig eile a rinn sin – Tòmas Wilson. Thòisich esan pròiseact mòr – eadar-theangachadh a' Bhìobaill.

Nochd am Bìoball Manainneach ann an seachd ceud deug, seachdad 's a còig (1775). Ach cha do thachair e gun strì. Chaidh innse dhomh mu chlàireach. Bha am fear seo ann am bàta. Bha sgrìobhainn a' Bhìobaill aige. Bha e a' dol don chlà-bhualadair. Chaidh am bàta air na sgeirean. Ach fhuair an clàireach gu sàbhailte don chladach. Bha e a' cumail na sgrìobhainn tioram os a chionn!

Bha na Manainnich uabhasach dèidheil air ceòl. 'S e an fhidheall a b' fheàrr leotha. Ann am meadhan a' gheamhraidh bha ceala-deug de chèilidhean is dannsaidhean. B' e sin *Yn Kegeesh Ommidjagh* – an Ceala-deug Amaideach!

Ann an seachd ceud deug, seasgad 's a còig (1765), thàinig an t-eilean fo Chrùn Bhreatainn. Bha cùiltearachd a' dol. Cha robh na Breatannaich toilichte. Chuir iad às don chùiltearachd. Chaidh marsantaich Shasannach a dh'fhuireach ann an Eilean Mhanainn. Ach cha robh an eaconamaidh fallain. Chaidh mòran de na h-eileanaich a-null thairis. Rinn an dà rud sin cron air a' chànan.

Ach cha robh i deiseil airson bàsachadh. Agus, san latha an-diugh, tha i a' dol am meud a-rithist.

* * * * *

Faclan is abairtean: Thairis air ceudan bhliadhnaichean: *over hundreds of years*; cha robh e gu diofar cò bha a' riaghladh: *it didn't matter who was governing*; daoine cumanta: *common people*; anns an t-seachdamh linn deug: *in the 17th Century*; gur e Beurla a b' fheàrr leis na h-uaislean: *that it's English that the gentry preferred*; gur e Gàidhlig a bh' aig càch: *that it was Gaelic the rest spoke*; eadar-theangachadh de leabhar ùrnaighean: *a translation of a book of prayers*; Cuimreach: *Welsh*; chruthaich e siostam litreachaidh ùr: *he created a new spelling system*; coltach ris an t-siostam: *like the system*; ann an clò aig an àm: *in print at the time*; Prionnsabalan is Dleastanasan Crìosdachd: *The Principles and Duties of Christianity*; eadar-theangachadh a' Bhìobaill: *translation of the Bible*; gun strì: *without a struggle*; chaidh innse dhomh mu chlàireach: *I was told about a churchman*; clò-bhualadair: *printer*; air na sgeirean: *on the rocks*; fhuair an clàireach gu sàbhailte don chladach: *the churchman got safely to shore*; a' cumail na sgrìobhainn tioram os a chionn: *keeping the manuscript dry above his head*; dèidheil air ceòl: *keen on music*; 's e an fhidheall a b' fheàrr leotha: *it's the fiddle they liked best*; meadhan a' gheamhraidh: *the middle of winter*; ceala-deug de chèilidhean is dannsaidhean: *a fortnight of ceilidhs and dances*; amaideach: *foolish*; fo Chrùn Bhreatainn: *under the British Crown*; cùiltearachd: *smuggling*; marsantaich Shasannach: *English merchants*; a-null thairis: *overseas*; cron: *damage*; cha robh i deiseil airson bàsachadh: *it wasn't ready to die*; a' dol am meud a-rithist: *expanding again*.

ends